



## DÙISGIBH NA H-ÒRAIN ÙRA AGAIBH!

Dèigheil air ceòl? Òran annad a tha dìreach air bàrr do bhilean? Eil beagan spionnaidh a dhìth ort airson tòiseachadh air d' òrain fhèin a sgrìobhadh oir neo gleans a chur air na fuinn 's na briathran agad? Tha Fèisean nan Gàidheal agus Stiùidio Clàraidh Watercolour a' tabhann cothrom do shianar òganach le Gàidhlig agus aois 16-25, ceithir latha a chur seachad a' dèanamh an dearbh rud sin.

### Am Pròiseact

Bidh am pròiseact air a roinn ann an dà leth:

- 1) **10-11 Màrt 2012** Deir-sheachdain cruinn còmhla aig Watercolour, aon de phrìomh ionadan-clàraidh na h-Alba, ann an cuideachd eòlaichean is sgrìobhaichean a chuidicheas sibh na sgilean a tha dhìth airson a bhi 'dèanamh òran a leasachadh. Bidh cuideachd cothrom ann obair air òrain a tha agaibh mu thràth airson an toirt air adhart, agus co-obrachadh leis na sgrìobhaichean òga eile a tha an làthair.
- 2) **30 Màrt-2 Giblean 2012** Latha gu leth an urra anns an stiùidio le aon dhe 'r compàirtean airson ur n-òrain a thoirt gu ìre agus an clàradh gu ìre 'demo'. Theid clàradh bhideo a thogail cuideachd airson a dhol an cois nan òran agus theid na h-òrain gu lèir a chur ma sgaoil air làraich-lìn Fèisean nan Gàidheal agus Watercolour gus am bi cothrom aig daoine èisteachd ribh. Fàgaidh sibh Watercolour le CD/DVD dhen stuth air an robh sibh ag obair, airson a chleachdadh ann an dòigh sam bith neo-choimeirsealta.

### An Sgioba

**Mairi Anna NicUalraig** – craoladair agus neach-ciùil a tha air a bhi sàs ann an ceòl is òrain Ghàidhlig bho rugadh i. Tha i gu tric air teilibhisean agus rèidio, bho BBC Radio 3 gu BBC Alba, tha bliadhnaichean mòra de dh'eòlas aice cuideachd air riochdachadh ciùil, agus tha a h-obair ann an ceòl na cruinne agus ceòl ùr a' toirt farsaingeachd eòlais dhith.

**Nick Turner** – co-sgrìobhaiche nan òran aig Findlay Napier & the Bar Room Mountaineers, agus riochdaire nan clàran aca. Tha Nick air a bhi am bogadh ann an saoghal a' chiùil fad a bheatha agus tha e air iomadh ciùil a chlàradh – bho hip-hop gu ceòl clasaigeach. Tha an stiùidio ùr aige an Àrd Dhobhair air luchd-ciùil a thàladh bho chòmhlain leithid Mount Desolation (Mumford & Sons), Rachel Sermanni, Admiral Fallow agus Sorren MacLean.



**Norrie ‘Tago’ MacIomhair** – seinneadair Gàidhlig na bliadhna agus prìomh-sheinneadair a’ chòmhlain, Mòran, a choisinn clàr na bliadhna aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba 2011. Tha ainm aig Norrie airson slighean ùra a lorg ann an ceòl Gàidhlig, leithid a chuid obrach le Ruari Sutharlanach a’ measgachadh phort-à-beul agus beatbox, agus choisinn e ainm dha fhèin le òran, ‘Latha Math air an Eilean’.

**Alasdair MacIleBhàin** – aon dhe na prìomh sgrìobhaichean òga òran ann an Gàidhlig an-diugh. Choisinn Alasdair Bonn Òr a’ Chomuinn aig a’ Mhòd Nàiseanta ann an 2006 agus tha e an-dràsta a’ deasachadh a’ chiad chlàr fhèin aig Watercolour le grunn dhe òrain fhèin na chois.

**Findlay Napier** – prìomh sheinneadair na Bar Room Mountaineers, agus co-sgrìobhaiche nan òran gu lèir. Tha e cuideachd na stiùiriche air Hazy Recollections, cruinneachadh an Glaschu de chuid de phrìomh sgrìobhaichean òrain ùra is indie. Tha eòlas farsaing aig Findlay thairis air grunn nòsan ciùil agus tha e gu minig a’ teagasg aig Conservatoire Rìoghail na h-Alba.

## Cuir Fios Thugainn!

Ma tha ùidh agaibh anns a’ phròiseact, nach cuir sibh fios thugainn – cò sibh, cò às, agus dè èisteachd no air am faot sinn coimhead, cuireabh thugainn CD, DVD no ceangal làrach-lìn (soundcloud, myspace is eile). Agus ma tha cuideigin ann (riochdaire, neach-teagaisg, stiùiriche-ciùil etc.) as urrainn barrachd innse dhuinn mun obair agaibh, cuireabh thugainn seòladh post-d far am faot sinn brath a chur orra.

Cuireabh am fiosrachadh gu lèir gu:

Calum Ailig Mac a’ Mhaolein  
Fèisean nan Gàidheal  
111 Sràid na h-Acadamaidh  
Inbhir Nis  
IV1 1LX

oir neo air post-d gu [calum@feisean.org](mailto:calum@feisean.org)

Ma tha tuilleadh fios a dhìth, cuireabh post-d gu [mak@watercolourmusic.co.uk](mailto:mak@watercolourmusic.co.uk) no [calum@feisean.org](mailto:calum@feisean.org), oir neo fòn gu Watercolour Music (01855-841320) no gu Fèisean nan Gàidheal (01463-225559).

**Feumar brath a thilleadh thugainn ron 17 Gearran 2012.**





## BRING YOUR NEW SONGS TO LIFE!

Love music? A song in there just bursting to get out? Need a boost to start you on the way to writing your own songs, or put that final polish on your own tunes and lyrics? Fèisean nan Gàidheal and Watercolour Music are offering a unique opportunity to six young Gaelic writers, aged between 16 and 25, to spend time doing just that!

### The Project

The project takes place in two phases:

- 1) **10-11 March 2012** - a group weekend at Watercolour, one of Scotland's finest recording studios, in the company of experts and writers who'll help develop your songwriting skills. There's also an opportunity to work on your own material, new on 'in progress', and to collaborate with the other participants.
- 2) **30 March-2 April 2012** - A day and a half in the studio with one other participant to hone your songs and demo record them to a high standard. The sessions will also be videoed to accompany the songs and all your finished material will be made publicly available online on FnG's and Watercolour Music's sites. You'll leave Watercolour with a CD/DVD of your work, free to use it in any non-commercial way you wish.

### The Team

**Mary Ann Kennedy** – broadcaster and musician who has been immersed in Gaelic music and song since she was born. A regular music presenter on TV and radio, from BBC Radio 3 to BBC Alba, with many years' experience in music production, her work with world music and new roots gives her work with Gaelic music a breadth of knowledge and experience.

**Nick Turner** – co-writer of the songs of Findlay Napier and the Bar Room Mountaineers, and producer of their albums. Nick has been involved in music his whole life, and he's recorded a huge range of musical genres, from hip-hop to classical. His purpose-built, brand-new studio in Ardgour has attracted musicians from an impressive roster of bands including, Mount Desolation (Mumford & Sons), Rachel Sermanni, Admiral Fallow and Sorren MacLean.



**Norrie 'Tago' MacIver** – Singer of the Year and lead singer with MÀNran, winners of Album of the Year at the Scots Trad Music Awards 2011. Norrie has taken his traditional roots and sought new directions for Gaelic song with his partnership with beatboxer Ruari Sutherland, and his song, 'Latha Math air an Eilean' was highly-acclaimed.

**Alasdair Whyte** – one of the finest young Gaelic songwriters on the scene today. A Mòd Gold Medallist in 2006, Alasdair has been taking Gaelic songs into the new century with his poetic and expressive songs. He's currently recording his debut album at Watercolour, which will feature many of his own songs.

**Findlay Napier** – lead singer with the Bar Room Mountaineers, and co-writer of their songs. Findlay is also the brains behind Hazy Recollections, the influential Glasgow indie songwriting collective. With long experience across a range of musical genres, he's also in demand as a tutor at the Royal Conservatoire of Scotland

## Get In Touch!

If you're interested in the project, get in touch with your name, address and some information on your experience to date. If you have any existing demo material we can watch or listen to, send us a CD, DVD or weblink (soundcloud, myspace etc.). And if you can put us in contact with someone (producer, tutor, music leader etc.) who can tell us more about your music, send us an email address where we can contact them.

Send all the information to:

Calum Ailig MacMillan  
Fèisean nan Gàidheal  
111 Academy Street  
Inverness  
IV1 1LX

or by email to [calum@feisean.org](mailto:calum@feisean.org)

If you need more information, send an email to [mak@watercolourmusic.co.uk](mailto:mak@watercolourmusic.co.uk) or [calum@feisean.org](mailto:calum@feisean.org), or phone Watercolour Music (01855-841320) or Fèisean nan Gàidheal (01463-225559).

**You must get your application to us before the 17 February 2012.**

